

For Immediate Release: 25 April 2020

PRESS RELEASE

SCROLL DOWN FOR ENGLISH TRANSLATION

Làrach-lìn ùr Gàidhlig do luchd-ionnsachaidh òg ga chur air bhog tràth

Chaidh goireas ùr a tha ag amas air Gàidhlig a thoirt do luchd-ionnsachaidh aig an tràth-ìre a chur air bhog tràth. Tha dùil gun lòn seo am beàrn a dh'adhbharaich dùnadh chròileagan 's sgoiltean ri linn tinneas a' Choronabhioras.

Fhuaradh a' chiad sealladh de Ghàidhlig nan Òg an-uiridh aig còmh dhail An Alltain do luchd-obrach ann am Fòghlam tro Mheadhan na Gàidhlig. Bha dùil gun deigheadh a chur air bhog san Lùnastal 2020, ach chaidh a thoirt air adhart airson cuideachadh le ionnsachadh dachaigh.

Chaidh an làrach-lìn a chruthachadh leis a' bhuidheann ghoireasan Stòrlann Nàiseanta na Gàidhlig. Gheibhear Gàidhlig nan Òg aig: www.gaidhlig-nan-og.scot

Thuirt Maree Todd, Ministear airson Clann agus Dhaoine Òg: “Bu mhath leam taing mhòr a thoirt dhan h-uile duine aig Stòrlann airson an goireas mìorbhaileach seo a dhèanamh agus a chur air bhog aig an àm seo. Tha an làrach-lìn do luchd-ionnsachaidh òg na Gàidhlig loma-làn de dh'òrain, rannan agus obair a chumas taic ri ionnsachadh na Gàidhlig aig an tràth-ìre. Bidh e na fhìor dheagh thoiseach tòiseachaidh dhan fheadhainn òga a tha air a' chiad cheum gu fileantachd sa Ghàidhlig.” Tha an goireas ag amas air pailteas stòrasan cuspaireil a bhith aig pàrantan/luchd-cùraim agus luchd-obrach san tràth-ìre, agus bithear an dòchas gun cuidich seo clann aig an ìre ron sgoil gu bhith a' togail na Gàidhlig.

Tha Gàidhlig nan Òg a' gabhail a-steach thaisbeanaidhean airson faclan agus abairtean ionnsachadh agus tha faidhlichean fuaim nan cois, a bharrachd air dealbhan, òrain, stòiridhean agus obair. Tha iad a' leantainn trì ìrean ann an adhartas cànan. Tha stiùireadh sa ghoireas le molaidhean air an dòigh as fheàrr air a chleachdadh.

Thuirt Shona MacLennan, Ceannard Bòrd na Gàidhlig: “Tha e aig cridhe ar n-obair brosnachadh agus comas ann an Gàidhlig a thoirt dhan òigridh. Tha sinn mothachail cho cudromach 's a tha teaghlach ann a bhith a' togail luchd-labhairt ùr le Gàidhlig. Mar sin tha sinn toilichte gum bi an goireas seo na thaic dhaibh san dachaigh, gu h-àraidh aig an àm dhoirbh seo. Feumar cuideachd taing a thoirt do luchd-obrach aig an tràth-ìre a tha a' toirt taic chruthachail son òigridh a bhrosnachadh san dachaigh.”

Ged a tha e ag amas air luchd-obrach aig an tràth-ìre san obair aca gach latha còmhla ri clann 0-5, bidh Gàidhlig nan Òg cuideachd na thaic do dh'inbich a tha ag ionnsachadh, feadhainn a tha ag ùr-thòiseachadh agus pàrantan a tha airson taic a chumail ris a' chloinn aca aig an taigh co-dhiù tha am pàrant ag ionnsachadh, nas adhartaiche no fileanta.

Tha an goireas air a roinn na chuspairean mar an t-aodann agus a' bhodhaig, àireamhan, dathan, gnìomhan làitheil, an t-sìde, beathaichean agus peataichean, ionnsachadh a-muigh, Oidhche Shamhna, an Nollaig, rannan chloinne agus òrain thraidiseanta.

Tha sgriobhainn tragaoidh ann cuideachd, ma bhios duine a' cur feum air. Dh'fhaodadh luchd-obrach aig an tràth-ìre sin a chleachdadh airson adhartas pàiste a chlàradh agus a chur gu co-obraichean agus pàrantan.

Thuirt Dòmhnall U MacIlleMhoire, Ceannard Stòrlann Nàiseanta na Gàidhlig: “Bidh Gàidhlig nan Òg na ghoireas sònraichte agus a' cur gu mòr ris an raon ghoireasan a th' ann mar-thà airson a' Ghàidhlig a thogail agus a chleachdadh ann an sgoiltean-àraich, fo ìre na sgoile agus san dachaigh.

Aig an àm dhùbhlanach seo, tha mi airson taing a thoirt do Jackie Mullen airson an obair mhìorbhaileach a rinn i, sgioba Stòrlann airson na rinn iad airson àm an fhoillseachaidh a thoirt air adhart airson gun gabh Gàidhlig nan Òg a chleachdadh sa bhad, agus cuideachd Bòrd na Gàidhlig agus Riaghaltas na h-Alba airson maoinachadh fialaidh. Gabh air turas ionnsachaidh agus feuch gum bi spòrs agad le Gàidhlig na h-Alba!”

Notes:

Tha Stòrlann a’ faighinn maoinachadh bho Bhòrd na Gàidhlig agus bho Riaghaltas na h-Alba.

Chaidh Stòrlann a stèidheachadh ann an 1999 le Riaghaltas na h-Alba airson foillseachadh agus sgaoileadh ghoireasan teagaisg do dh’fhoghlam Gàidhlig a cho-òrdanachadh. Tha Stòrlann na chompanaidh earranta, àireamh SC 190298 agus na bhuidheann charthannais, àireamh SC031521. Tro phrògraman foillseachaidh Stòrlann tha goireasan gan deasachadh gach bliadhna do sgoiltean-àraich, bun-sgoiltean, àrd-sgoiltean agus foghlam fad-beatha. Tha prìomhachasan gan taghadh le tidsearan agus luchd-ionnsachaidh agus tha stiùir agus taic a’ tighinn bho ùghdarrasan ionadail air feadh Alba.

Ceangal:

Dòmhnall U MacGilleMhoire, Ceannard Stòrlann

Email: oifis@storlann.co.uk

Fòn làimhe: 07795 284130



For Immediate Release: 25 April 2020

PRESS RELEASE

Early launch for new Gaelic website for the youngest learners

A new resource aimed at teaching Gaelic to learners in the early-years environment has been launched early, to help fill the gap caused by the closure of Gaelic nurseries and Pre-school education settings amid the Coronavirus pandemic.

Gàidhlig nan Òg, previewed at last year’s An t-Alltan conference for Gaelic Medium Education (GME) practitioners, was due to have been launched in August 2020 but has been brought forward to help the home-learning community.

The website has been created by Gaelic educational resources agency Stòrlann Nàiseanta na Gàidhlig. The new Gàidhlig nan Òg resource can be found online at: www.gaidhlig-nan-og.scot Maree Todd, Minister for Children and Young People, said: “I would like to warmly commend and thank all at Stòrlann for developing this fabulous resource and launching it at this time. This website for young Gaelic learners is packed with songs, rhymes and activities and will provide vital support for Gaelic learning in early years. It will provide hours of fun and learning and will give young people an excellent start on the road to fluency in the Gaelic language.”

The resource aims to provide parents/carers and early years practitioners with an abundance of themed resources to help the acquisition of Gaelic in pre-school children.

Gàidhlig nan Òg features a series of presentations to teach words and phrases plus supporting soundfiles, illustrations, songs, stories and activities, matched to three stages of language progression. A guidance document with suggestions on how best to use the resource is included.

Shona MacLennan, Ceannard Bòrd na Gàidhlig, said: “Encouraging and enabling young people to develop Gaelic skills is core to our work. We recognise the crucial role of families in bringing up new Gaelic speakers, and we are delighted that this fantastic resource will support them to do that at home, particularly during this time. Credit too must be given to the early years workers who provide support through creative ways of engaging youngsters at home.”

Although aimed at early years practitioners for their day-to-day interactions with children aged 0-5, Gàidhlig nan Òg will also support adult learners, including those who are completely new to Gaelic, and parents wanting to support their children on their Gaelic journey in the home, regardless of whether the parent is a beginner learner, more advanced or fluent.

The resource is presented in themes, including the face and body, numbers, colours, daily routines, the weather, animals and pets, outdoor learning, topical themes such as Halloween and Christmas, and nursery rhymes and traditional songs.

It also contains an optional tracking document, which early years practitioners can use to record a child’s progress and pass on to colleagues and parents.

Donald W Morrison, Chief Executive of Stòrlann Nàiseanta na Gàidhlig, said: “Gàidhlig nan Òg will serve as a highly valuable addition to the range of resources available for the acquisition and usage of Gaelic in nursery, pre-school and home settings. In this, the most challenging of times, I wish to thank Jackie Mullen for her wonderful work, the Stòrlann team for their efforts in bringing the release date forward and making Gàidhlig nan Òg available for immediate use and Bòrd na Gàidhlig and the Scottish Government for their generous support. Go explore and have fun with Scottish Gaelic!”

ends

Notes:

Stòrlann receives funding support from Bòrd na Gàidhlig and the Scottish Government.

Stòrlann was established by the Scottish Executive in 1999 to co-ordinate the production and distribution of curriculum resources for Gaelic education. Stòrlann is a limited company, registered number SC 190298, and a charity registered in Scotland as SC 031521.

Under Stòrlann’s publication programme, resources are distributed free of charge to nurseries, primary schools, secondary schools and lifelong learning groups every year. Priorities are set by teaching staff and learners and strategic planning and implementation is supported by local authorities, and by appropriate lifelong learning organisations.

Contact:

Donald W Morrison

Chief Executive, Stòrlann

Email: oifis@storlann.co.uk; **Mobile:** 07795284130

Katie Laing

PR Consultant

Email: katielaingmedia@gmail.com; **Mobile:** 07825200110



KATIE LAING MEDIA